

Ceistean Dùbhlain

- Dè na feartan de chleachdadh èifeachdach a tha ri ur miann san fhiolm seo? Dè a' bhuaidh a dh'fhaodadh a bhith aca air a' churraicealam agaibh?
- Dè cho math 's a tha sibh a' cleachdadh nan 1140 uairean a thìde ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne gus a' bheàrn buileachaidh a lùghdachadh, co-ionannachd adhartachadh agus buaidh a thoirt air fileantachd chloinne sa Ghàidhlig?
- Dè na gnìomhan a tha sibh a' coileanadh gus dèanamh cinnteach gu bheil ionnsachadh, teagasg agus cluich bogaidh gu cunbhalach de dh'àrd-chàileachd, an dà chuid a-staigh agus air a' bhlàr a-muigh?
- Ciamar a tha sibh a' fighe a-steach eadar-obrachadh èifeachdach agus cunbhalach sa Ghàidhlig mar phàirt de fhèin-fhiosrachaidhean air an tòiseachadh le leanabh, air an tòiseachadh le inbheach agus air an stiùireadh le inbheach a bhios ag adhbharachadh gum bi a' chlann fileanta sa Ghàidhlig?
- Dè na dòighean sa bheil agus dè cho math 's a tha an leasachadh de chànan sòisealta a' faighinn taic gus dèanamh cinnteach gun urrainn don chloinn tòiseachadh a' bruidhinn na Gàidhlig airson adhbharan fìor agus gnothachail?
- Ciamar a tha an curraicealam agad ag adhartachadh feòrachas a thaobh cultar sònraichte na Gàidhlig?
- Dè na modhan-obrach a bhios sibh a' cleachdadh gu math gus dearbhadh gu bheil a' chlann a' dèanamh adhartas nan ionnsachadh? Dè cho math 's a tha sibh a' tracadh gu bheil a' chlann a' faighinn làn bhogadh sa Ghàidhlig?
- Dè na prìomh fheartan a tha aig eadar-ghluasad èifeachdach 0-5 ann am

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig?

- Dè cho math 's a tha sibh a' toirt taic do agus a' leasachadh dol an sàs phàrantan agus ionnsachadh teaghlaich? Ciamar a tha pàrantan/luchd-cùraim air am brosnachadh is air am fiosrachadh gus an toir iad taic gu h-èifeachdach don chànan a thathar a' cleachdadh san dachaigh?
- Ciamar a tha sibh a' toirt taic do luchd-cleachdaidh tuigse mhath a bhith aca de làn bhogadh? Dè cho comasach 's a tha e dhaibh an tuigse seo a chur an sàs gu soirbheachail an uair a tha foillseachaidhean ùra a' tighinn a-mach airson foghlam tro mheadhan na Beurla? Mar eisimpleir, "A' Coileanadh a' Chomais".
- Dè cho math 's a tha an curraicealam àrd-sgoile agaibh a' toirt taic do chinn-uidhe iar-sgoile dheimhinneach agus dreuchdan ann an tràth-ionnsachadh agus cùram-chloinne ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig?
- Dè na beachdan a tha aig a' chloinn mu mar a dh'fhaodadh na fèin-fhiosrachaidhean aca san sgoil-àraich a bhith air an leasachadh?